



A' Sgrùdadh Eachdraidh Cuimhneachain



Ciamar a bhios cuimhneachain air an cur suas?

- Tha cuimhneachain air an cur suas airson comharrachadh no cuimhneachadh air tachartas no duine.
- 'S e cuimhneachan-cogaidh an seòrsa as cumanta. Tha iad sin air an cur suas às dèidh cogaidhean gus cuimhne a chumail air na daoine às an sgìre a chaidh a mharbhadh sa chogadh.



Mar a gheibhear a-mach mu chuimhneachain

- An toiseach smaoinich an e cuimhneachan-cogaidh a th' ann no nach e. Air cuimhneachain-cogaidh chithear 'An Cogadh Mòr' (A' Chiad Chogadh Mòr) no cogadh eile mar 'An Dara Cogadh Mòr', 'Cogadh Chorea' no 'Cogadh nam Falklands'. Gu tric bidh ìomhaigh saighdeir orra.
 - Mas e cuimhneachan-cogaidh a th' ann, mar as trice chì thu liostaichean ainmean le tùs-litrichean às an dèidh. 'S e na tùs-litrichean sin giorrachadh air na pàirtean de na feachdan armaichte anns an robh an duine. (me air a' chuimhneachan seo, tha R.W.F. a' ciallachadh Royal Welsh Fusiliers agus tha R.E. a' ciallachadh Royal Engineers. Tha na litrichean M.C. ag innse dhut gun d' fhuair Lioftanant Cadman bonn ris an canar am Military Cross airson gaisgeachd).
-
- Gu tric chithear inbhe duine ron ainm aige ann an giorrachaidhean (me Sc. Lt. airson Second Lieutenant, Cpl. airson Corporal no Flt. Sgt. airson Flight Sergeant).
 - Gus na giorrachaidhean sin a thuigsinn, feumaidh tu bruidhinn ri daoine aig a bheil mòran fiosrachaidh mu na feachdan armaichte. Dh'fhaodadh tu rannsachadh air an eadar-lìon airson 'military abbreviations' airson na h-ama iomchaidh*.
 - Mur e cuimhneachan-cogaidh a th' ann, dèan nòta de cò dha a bha e air a chur suas agus cuin a chaidh a chur suas.
 - Ann an earrann Eòlas Ionadail anns an leabharlann as fhaighe faighnich dhan leabharlannaiche mun chuimhneachan. Seallaidh iad dhut leabhraichean agus seann phàipearan-naidheachd far am faigh thu a-mach tuilleadh.
 - 'S dòcha gun cuidich an t-eadar-lìon thu cuideachd ma tha cuideigin air làrach eachdraidh ionadail a chur air.*


* Na cleachd an t-eadar-lìon uair sam bith airson rannsachadh gun innse do dh'inbheach dè tha thu a' dol a dhèanamh!



'S e cuimhneachan-cogaidh a th' ann an seo.

Tha na giorrachaidhean seo ag innse dhut dè am pàirt de na feachdan armaichte anns an robh na fir nuair a chaidh am marbhadh:

RAFVR (Royal Air Force Volunteer Reserve),
R SIGNALS (Royal Signals anns an Arm),
RAF (Royal Air Force),
RN (Royal Navy),
WELSH GDS (Welsh Guards anns an Arm),
RE (Royal Engineers anns an Arm),
RA (Royal Artillery anns an Arm).



A bheil thu a' coimhead gobhar? 'S e suaicheantas nan saighdearan a th' ann agus tha gobhar aig an rèiseamaid sin chun an latha an-diugh.

Uaireannan bidh cuimhneachain ann an aon dùthaich a' comharrachadh rud a thachair ann an dùthaich eile. Chaidh am fear seo a chur suas an Cardiff ann an 1999 mar chuimhneachan air an fheadhainn a bhàsaich anns a' Ghorta Mhòr an Èirinn eadar 1845 agus 1849.



An tomhais thu cò an duine a th' anns a' chuimhneachan seo?

B' e a sgrìobh an leabhar leis an leòmhann air a bheulaibh.